



## Tìotal: Càirdeas/Dàimh

### Pàirt 2: A' dèanamh agus a' cumail charaidean

Ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha mi a' faighinn agus a' cleachdadh sgilean airson dèiligeadh ri dàimhean a tha ag atharrachadh, agus tha mi a' tuigsinn mun bhuaidh mhath a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo shunnd fhaireachail. HWB 2-45a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean càirdeis agus dàimh.</li> <li>• Ag aithneachadh nan sgilean a dh'fheumar airson dàimhean a tha ag atharrachadh a làimhseachadh, me fulangas, mothachas/dìlseachd, coibhneas, seasmhachd agus spèis.</li> <li>• A' mìneachadh buaidh dhàimhean air sunnd faireachail.</li> </ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann gu bheil diofar sheòrsaichean dhàimhean ann
- Gun aithnich clann gun gabh dàimhean a thogail agus a chumail suas ann an suidheachaidhean sòisealta mun timcheall agus air-loidhne.
- Gum bi fios aig clann gu bheil dàimhean deimhinneach rin co-aoisean math a thaobh slàinte is sunnd dhaibhsan agus do dhaoin' eile.
- Gun toir clann seachad eisimpleirean de sgilean agus giùlan a neartaicheas dàimhean agus ceanglaichean len co-aoisean.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha mi ag iarraidh bho dhàimhean agus mun t-seòrsa caraid a th' annam fhìn.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air buannachdan agus dùbhlain a dh'fhaodas a bhith an lùib dhàimhean.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean a thoirt seachad de rudan a dh'fhaodas mi a dhèanamh airson dàimhean a thogail agus a neartachadh.
- Tha mi a' tuigsinn nach fheum mi a bhith nam dhlùth charaid dhan h-uile neach, ach faodaidh mi a bhith càirdeil agus coibhneil.

## Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Suidheachaidhean + Prìomh Phuingean: Ciamar a bhios tu a' dèanamh charaidean/togail dhàimhean?
- Poit mhòr, cairtean bàn
- Làrach Young Scot <https://young.scot/information/relationships/falling-out-with-a-friend/>

## Obair

1. Tòisich le bhith a' coimhead air ais air an leasan mu dheireadh air càirdeas/dàimh. Faighnich dhan chloinn dè tha cuimhn' aca air (Lean air adhart le bhith a' sealltainn nan Aodainn Chàirdeil agus a' bhàrdachd mu chàirdeas ron leasan seo, agus às a dhèidh ma tha sin feumail).
2. Thoir a-steach na gnìomhan mar seo: Tha sinn air bruidhinn mu bhith nad charaid. San leasan seo nì sinn tuilleadh bruidhinn air mar a bhios sibh **a' togail dhàimhean** no **na bhios a' tachairt nuair a tha caraidean a' dol far a chèile**. Bidh sinn a' dèanamh tuilleadh smaoinichaidh air mar as urrainn dhuinn a bhith nas càirdeile, coibhneil ri daoine eile agus mar a nì sinn an clasrum/a' bhuidheann seo na àite càirdeil.
3. **Dè an dòigh as fheàrr air caraid a dhèanamh/dàimh a thogail?** Iarr air a' chloinn obrachadh ann am buidheann beag. Faodaidh iad fear dhe na suidheachaidhean a thaghadh, no faodaidh a h-uile duine an dèanamh fear mu seach, no faodaidh tusa suidheachadh a thoirt dhaibh. Cleachd na slaighdean no cuir na suidheachaidhean air cairtean airson an toirt seachad. 'S e a' cheist: *Dè an dòigh as fheàrr air caraid a dhèanamh/dàimh a thogail?* Iarr beachdan bhon chloinn a chuireas sibh ann an liosta. Cuir nan cuimhne nach fheum iad aontachadh ri chèile, dìreach smaoinichadh air diofar dhòighean. *Suidheachaidhean:*
  - A. **Seo a' chiad latha agad ann an sgoil ùr.**
  - B. **Seo a' chiad latha dhen teirm ùr. 'S e clas ùr a th' ann, tha thu eòlach air tòrr dhaoine ach tha do charaidean bhon uiridh ann an clas eile a-nis.**
  - C. **Tha thu air tighinn a dh'fhuireach air sràid ùr agus tha thu a' dol a-mach a chluich.**
4. **Mar a nì thu caraid: Prìomh phuingeann** Cruinnich an clas/na buidhnean air ais còmhla mar chearcall ma ghabhas sin dèanamh – dè na molaidhean as fheàrr a bh' aca airson caraidean ùra a dhèanamh/dàimhean a thogail stèidhichte air na suidheachaidhean air an robh iad a' coimhead. Sgrìobh na prìomh bheachdan air a' bhòrd gheal mar a tha iad a' freagairt. Brosnaich còmhraidh, cuir cuideam air a' phuuing gun obraich diofar rudan airson diofar phàistean. Coimheadaibh thairis air an liosta bheachdan. An uair sin seall an liosta bhon PowerPoint air a bheil 12 a bheachdan thairis air 3 slaighdean: **Mar a nì thu caraid: Prìomh phuingeann**. Theirig ro na slaighdean fear mu seach agus dèan coimeas eatarra agus molaidhean na cloinne. Iarr air a' chloinn smaoinichadh air na dh'obraicheadh dhaibhsan.
5. **Misneachail/diùid:** Tha e cuideachail dhan chloinn tuigsinn nuair a thathar a-mach air a bhith a' dèanamh charaidean ùra no dìreach a' measgachadh le daoine, gum faod cuid de dhaoine a bhith sàmhach no caran diùid, far a bheil feadhainn eile misneachail agus a' tarraing aire. Mìnich gum faod daoine a bhith misneachail no diùid, no an aiteigin eadar na dhà. 'S e amas a' chòmhradh a bhith spèiseil do rudan eadar-dhealaichte agus gus cothrom a thoirt do dhaoine a bhith mar a thogras iad fhèin ann an suidheachaidhean sòisealta. Cleachd na mìneachaidhean/dealbhan air a' bhòrd-gheal:
  - Nuair a tha neach **diùid**, bidh e nas coltaiche gun fheàrr leotha cùisean a bhith socair, 's dòcha gum bi iad sàmhach, 's toigh leotha a bhith leotha fhèin. Bidh caraidean aca, ach cha bhi e a' còrdadh riutha a bhith ann am buidhnean mòra.

- Nuair a tha neach **misneachail**, 's dòcha gum bi barrachd spionnaidh annta, bidh iad air bhioran, 's dòcha gum bi iad a' dèanamh tòrr fuaim. 'S toigh leotha a bhith còmhla ri daoine eile agus 's dòcha cuideachd aig meadhan chùisean.

An uair sin am prompt seo agus ceistean airson còmhraidh: Tha cuid de dhaoine gu math diùid agus cuid eile gu math misneachail:

- A' smaoinichadh air na tha diùid agus misneachail a' ciallachadh, cò aca as fheàrr a fhreagras ortsa? (Brosnaich a' chlann gus smaoinichadh a bheil iad eadar na dhà, no gum bi iad air eadar-dhealaichte ann an diofar shuidheachaidhean; cleachd eòlas pearsanta ma tha sin na chuideachadh: Mar sin, nuair a tha mi còmhla ris an teaghlach agam, tha mi ... Ach nuair a tha mi ann an suidheachadh ùr far nach eil mi eòlach air daoine tha mi ... )
- A bheil thu a' smaoinichadh gun dèan seo diofar nuair a tha neach a' feuchainn ri dàimhean a thogail?
- A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil e nas fheàrr a bhith diùid no misneachail?
- A bheil an suidheachadh a' dèanamh diofar?
- Cò ris a bhiodh e coltach nam biodh sinn air fad diùid no air fad misneachail?

**6. Carson a bhios caraidean a' dol far a chèile? Cuir a' chiad cheist air an Smartboard agus meòraich orra còmhla ris a' chloinn (Còmhla ri caraid rin taobh an toiseach 's dòcha).**

**7. Nuair a bhios caraidean a' dol far a chèile, dè as urrainn dhuibh a dhèanamh? An uair sin iarr beachdan air nas urrainn do dhaoine a dhèanamh (dithisean an toiseach) – agus ann am fios-air-ais dèan ceangal eatarra agus na h-adhbharan a bhios daoine a' dol far a chèile. Às dèidh cuid de na h-adhbharan agus na freagairtean a chruinneachadh, inns gu bheil beachdan math aig na h-eòlaichean bho YoungScot mu na nì sibh nuair a thèid sibh far a chèile. Seall an slaighd leis na beachdan aca. Brosnaich a' chlann gus coimhead air làrach YoungScot a-rithist. Seo na beachdan aca (meòraich air cò sa chlas a tha math orra seo ...):**

1. Feuch ris a' chùis fhaicinn bhon taobh eile.
2. Faigh cuideigin a chuidicheas sibh gus bruidhinn ri chèile – neach sìth.
3. Èist. Thoir an aire dha na tha do charaid a' ràdh airson 's gun tuig thu na tha a' dol.
4. Inns dhaibh mar a tha thu a' faireachdainn.
5. Dèan gàire – faic taobh èibhinn na cùise.
6. Gabh ris gum faodadh an dithis agaibh a bhith ceart – tha e cudromach ann an dàimhean gum faod diofar bheachdan a bhith agaibh.

**8. Brot a' chàirdeis: Ciamar as urrainn dhuinn a bhith càirdeil sa chlas? Coimheadaibh air an fhilm ghoirid (3 mionaidean 13 diogan) <https://youtu.be/H7w7yXkJTu0> Inns gu bheil an clas/a' bhuidheann agaibh a' dol a dhèanamh brot a' chàirdeis. Thoir a-mach poit mhòr le leubail (Brot a' Chàirdeis) oirre. Cleachd pìosan clobhda mar a th' anns an fhilm, cairtean bàn air an sgrìobh sibh na tha a' dol dhan bhrot. Faighnich a' cheist: *Mar sin, ma bha sinn a' dol a dhèanamh poit mhòr de bhrot a dhèanamh cinnteach gun robh an rùm seo na àite càirdeil dhan h-uile duine, dè dh'fheumadh sinn?***

Ma tha e na chuideachadh, mol diofar thomhaisean air a' bhòrd-gheal: Làn spàine de ..., Baga de, Botal de ..., Beagan de ..., Liotair de..., Drùdhag de ... msaa.

9. Iarr air a' chloinn obrachadh ann an dithisean, agus mar a chunnaic iad san fhilm ghoirid, tha aca ri aontachadh dè tha a' dol dhan bhrot agus dè na dh'fheumas iad de gach rud. Cuir air dòigh duilleag mhòr pàipeir leis an tiotal: Brot a' Chàirdeis – Stuthan. Lìon an liosta le molaidhean na cloinne. (Ma thathar a' taisbeanadh Poit Brot a' Chàirdeis mar a chaidh a mholadh gu h-ìosal, iarr air a' chloinn an liosta ath-sgrìobhadh agus a sgeadachadh airson a thaisbeanadh).
10. Crìochnaich leis an teachdaireachd: **Chan fheum sinn air fad a bhith nar dlùth charaidean, ach bidh sinn ùile nas toilichte mas urrainn dhuinn a bhith càirdeil.**

### Beachdan eile

- Taisbean poit agus reasabaidh Brot a' Chàirdeis ann an Talla a' Bhìdh. Tog dealbh dhen phoit agus an reasabaidh/na stuthan airson gun toir a' chlann dhachaigh i airson a sealltainn.

### Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

Dè th' ann an caraidean?

Caraidean air-loidhne/far-loidhne